Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

Please scroll down for English Version

Airson sgaoileadh sa bhad

02/06/2016

Bòrd na Gàidhlig a' fastadh Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig air Mona Wilson a chur an dreuchd mar a' chiad Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig aig a' bhuidhinn, aon de na dreuchdan as cudromaiche a th' ann am Foghlam na Gàidhlig. 'S ann à Leòdhas a tha Mona bho thùs agus tha i air a bhith ag obair aig Oilthigh Srath Chluaidh bho 1999 mar Òraidiche Foghlaim agus an uair sin mar Àrd-òraidiche ann an Gàidhlig. Tòisichidh i san dreuchd ùir aice aig a' Bhòrd air an 20mh latha den mhìos seo.

Tha raon farsaing de dhleastanasan a' tighinn leis an dreuchd ùir. Bidh Mona os cionn sgioba foghlaim Bhòrd na Gàidhlig agus a' stiùireadh phoileasaidhean foghlaim a' Bhùird, bidh i a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh Foghlam na Gàidhlig, bidh i ag obair còmhla ri ùghdarrasan foghlaim agus buidhnean eile a tha an sàs ann a bhith lìbhrigeadh foghlam gus amasan a' Bhùird a thoirt gu buil, agus bidh i os cionn na h-obrach a nì am Bòrd gus ar dleastanasan ùra fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a choileanadh.

Thuirt Ailean Dòmhnallach, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, agus e a' cur fàilte air an naidheachd: "Tha fios againn uile cho cudromach agus a tha an dreuchd seo a thaobh foghlam na Gàidhlig, agus tha iomadh dùbhlan romhainn. Tha an dreuchd seo agus mar a thèid ar n-amasan is cinn-uidhe a thoirt gu buil fior chudromach don obair a tha am Bòrd a' dèanamh san fharsaingeachd aig ìre ro-innleachdail agus tha na choileanas Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig gu bhith aig teis-meadhan gach nì a bhios sinn a' dèanamh. Bidh Mona os cionn sgioba a chaidh a neartachadh bho chionn ghoirid feuch gun urrainn dhaibh na h-amasan sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a lìbhrigeadh. Bha sinn a' sireadh neach aig am biodh spionnadh is dealas san obair agus tha na dearbh chomasan agus an t-eòlas aig Mona a tha dhìth oirnn gus planaichean a' Bhùird a thoirt air adhart agus a thoirt gu bith."

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

Thuirt Brus Robasdan, Ceannard Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig agus a chleachd a bhith na Stiùiriche an Fhoghlaim: “Tha an dreuchd seo uabhasach cudromach don obair againn agus tha Mona a’ dol a chur gu mòr ri sgioba stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.”

Tha Mona air a ràdh gur e aon de na prìomh amasan a th’ aice togail air an eòlas a th’ aice bho bhith ag obair aig Oilthigh Srath Chluaidh agus mar Cheannard-sgoile. “Feumaidh sinn fhathast am bun-stèidh a th’ againn airson foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig a neartachadh agus nì sinn sin le bhith toirt taic do dh’iomairtean gus luchd-obrach misneachail is uidheamaichte a thrusadh a nì cinnteach gun tèid againn air frithealadh air an leudachadh a tha tachairt ann am foghlam Gàidhlig. Le taic bho Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus oilthighean, bidh am Bòrd a’ toirt taic do dh’iomairtean a chuidicheas le bhith leudachadh an àireamh chùrsaichean a tha rim faotainn do dhaoine a tha airson teisteanas teagaisg a thoirt a-mach, no a tha airson gluasad bho theagasg tron Bheurla gu bhith teagasg Gàidhlig no tron Ghàidhlig. Tha làn fhios a’m mar a dh’fheumas sinn ceanglaichean buadhach is leantainneach a thogail aig ìre ionadail agus nàiseanta leis gach buidheann a tha an sàs ann am foghlam agus cùisean Gàidhlig eile. Tha ùghdarrasan ionadail agus Raon an Fhoghlaim Àrd-ìre cuideachd gu math cudromach don obair gus ar n-amasan a lìbhrigeadh agus bidh mi ag obair gu dlùth còmhla riutha gus làn bhrath a ghabhail air na cothroman a th’ ann.”

Tha eòlas farsaing aig Mona Wilson air raon an fhoghlaim; bha i roimhe na Prìomh Thidsear Gàidhlig fad 10 bliadhna aig Bun-sgoil Chrois na Cìse ann an Dùn Èideann, tha i air a bhith na h-oide a’ trèanadh inbhich airson CLAD, agus bha i na Ceannard eadar-amail aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, Ceann Roinn a’ Chonaltraidh, Margaidheachd is TF aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d steven@gaidhlig.org.uk no air a’ fòn 07595763071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

For immediate release

02/06/2016

Bòrd na Gàidhlig appoints Director of Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig has appointed Mona Wilson as the organisation's first Director of Gaelic Education, one of the most important positions to date in Gaelic education. Mona, who has been working with Strathclyde University since 1999, as Lecturer of Gaelic and then Senior Lecturer of Gaelic, is orignally from the Isle of Lewis. She will take up her new post with the Bòrd on the 20th of this month.

The new post has a wide remit, Mona will lead Bòrd na Gàidhlig's education team taking lead in education policy, advise the Scottish Government on Gaelic education, work with Local Authorities and other delivery agents to achieve the Bòrd's aspirations and also act as the lead officer on managing the new obligations on the Bòrd through the Education (Scotland) Act 2016.

Welcoming the appointment, Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Allan MacDonald said: "We all know how important this post is in terms of Gaelic education and there are many challenges ahead. This post and the delivery of our aims and objectives are critical to the overall strategic work the Bòrd is pursuing and it lies at the heart of all our activities. Mona will be leading a team which has been strengthened recently so that it can enable the delivery of the aspirations outlined in the National Gaelic Language Plan. We were looking for an energetic and enthusiastic individual and Mona is ideally suited to enable, develop and deliver the Bòrd's plans."

Bòrd na Gàidhlig Interim CEO, Bruce Robertson, a former Director of Education, said: "This is a crucial appointment for us and Mona is an excellent addition to the Bòrd na Gàidhlig executive team."

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

Mona has stated that one of her key aims is to build on her experience working with Strathclyde University and as Head Teacher. "'There is still a need to further strengthen the infrastructure of Gaelic education and learning generally by supporting the recruitment of a confident, appropriately trained workforce in order to service the expansion of Gaelic education. Along with the help of the Scottish Government, Local Authorities and universities, the Bòrd will support initiatives to increase the range of courses available to those who wish to enter teaching, or to transfer to teaching Gaelic or through the medium of Gaelic. I am fully aware of the need to build effective and sustainable relationships at a local and national level with all the organisations involved in delivering education and other Gaelic activities. Local authorities and the Higher Education sector are also key delivery agents and I will be working closely with them to maximise the opportunities which are available."

Mona Wilson comes from an experienced educational background; having previously worked as the Principle Gaelic Teacher for 10 years at Tollcross Primary School in Edinburgh, an adult trainer for CLAD, and interim Head teacher of Bun Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Head of Communications, Marketing & IT, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.